

Poileasaidh airson Daoine fo Dhìon Sònraichte

Tha am poileasaidh seo na phàirt den cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal

An Ceann-latha air an d' fhuair e aonta	23.02.2018
Adhbhar	Gus cunnart a lùghdachadh do dhaoine fo 18 a tha a' gabhail pàirt agus do dh'ìnbhich a tha fo dhìon sònraichte, agus gus sealltainn do luchd-obrach is luchd-obrach saor-thoileach ciamar a bu chòir dhaibh dèiligeadh ri aithrisean mu dhroch dhìol no dearmad.
Geàrr-iomradh	Tha am poileasaidh ag innse mar a chuireas Fèisean nan Gàidheal na modhan-obrach againn an sàs gus dìon a chur air clann agus ìnbhich a tha fo dhìon sònraichte a tha a' dol gu na tachartasan againn no a' gabhail pàirt annta. Tha e cuideachd a' dèanamh follaiseach na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann do chloinne is ìnbhich a tha fo dhìon sònraichte a thaobh droch dhìol is dearmad, agus tha e ag innse mu dhleastanasan an Oifigeir Dìon Chloinne – dreuchd riatanach airson gach Fèis.



Aithris air a' Phoileasaidh

Tha e na phoileasaidh aig Fèisean nan Gàidheal gun dèan sinn nas urrainn dhuinn gu reusanta agus gun toir sinn comhairle do na Fèisean feuch an dèan iad cinnteach gum bi gach neach a ghabhas pàirt anna, na buill, an luchd-eagrachaidh agus na h-oidean sàbhailte agus toilichte, agus gum bi iad air an dìon bho dhroch dhiol corporra, feiseil no inntinne is dearmad.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' gabhail ris gu bheil clann, daoine òga agus inbhich a tha fo dhìon sònraichte airidh air a bhith a' faireachdainn sàbhailte is tèarainte agus gum feum iad làn-chothrom fhaighinn a dhol an sàs ann an cùisean ma tha iad a' dol a dh'fhaighinn buannachd bho bhith a' gabhail pàirt ann an tachartasan. Bheir sinn fiosrachadh agus taic seachad airson dèanamh cinnteach gun tachair sin. Bithear a' brosnachadh nam Fèisean gu bhith a' toirt fiosrachadh iomlan do phàrantan/luchd-cùraim mu obair is tachartasan nam Fèisean anns a bheil am pàiste aca, no inbheach fo dhìon, a' gabhail pàirt.

Tha luchd-obrach nam Fèisean a gheibh pàigheadh agus an luchd-obrach saor-thoileach gu mòr ag iarraidh gun gabh clann pàirt sna tachartasan aca. Tha iad a' tuigsinn gum feumar sùil gheur a chumail air cùisean co-cheangailte ri fastadh is trèanadh agus gum feumar sgrùdadh a dhèanamh air an obair a tha iad a' dèanamh còmhla ri clann.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' toirt seirbheis foillseachaidh airson fiosrachadh mu luchd-obrach seachad do na Fèisean a tha nam buill den bhuidhinn agus tha e mar chùmhnannt den bhallrachd aca, agus den mhaoineachadh a gheibh iad, gun cuir a h-uile Fèis na modhan-obrach an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil gach oide is neach-obrach saor-thoileach a tha an sàs ann an obair nam Fèisean nam buill den Sgeama airson Daoine fo Dhìon Sònraichte (DDS).

Achd Dìon Chloinne (Alba) 2003 agus an Sgeama DDS 2011

Fon lagh (Achd na Cloinne 1989) 's e a th' ann am pàiste neach sam bith a tha suas ri 18 bliadhna a dh'aois. Ged a tha pàiste air aois 16 bliadhna a ruighinn, a' tighinn beò air an ceann fhèin no ann am foghlam adhartach, nam ball de na feachdan armaichte, san ospadal no fo ghrèim, chan eil sin a' toirt buaidh air an inbhe is na còraichean aca fo Achd na Cloinne 1989.

Tha e na amas don Achd seo piseach a thoirt air modhan-dìona do chloinn le bhith a' cur stad air daoine neo-fhreagarrach bho bhith ag obair ann an dreuchdan cùraim-chloinne mar a tha iad air am mìneachadh ann am Pàipear-taice 2 den Achd. Dh'fhaodadh gun tèid casaid a thogail an aghaidh buidhnean ma nì iad na leanas:

- neach fhastadh airson dreuchd cùraim-chloinne a tha air an liosta de dhaoine neo-fhreagarrach (chan eil seo a' gabhail a-steach daoine a thathar a' beachdachadh a chur air an liosta)
- mura cuirear neach à dreuchd cùraim-chloinne nuair a gheibhear a-mach gu bheil iad air an liosta de dhaoine neo-fhreagarrach agus mar sin air an casg bho bhith ag obair ann a leithid a dhreuchd
- mura h-innsear do Mhinistearan na h-Alba mu neach far am bu chòir innse dhaibh mun deidhinn fo na cumhachan a gheibhear san Achd

Tha an Achd a' buntainn ris a h-uile buidheann (saor-thoileach, reachdail agus prìobhaideach) a bhios a' fastadh luchd-obrach pàighte is saor-thoileach airson dreuchdan a tha air am faicinn mar dhreuchdan cùraim-chloinne mar a tha iad air am mìneachadh ann am Pàipear-taice 2 den Achd.

Sa Ghearran 2011, thug Riaghaltas na h-Alba sgeama ballrachd ùr a-steach an àite nam modhan-obrach foillseachaidh a bh' ann roimhe airson daoine a tha ag obair le daoine a tha fo dhìon sònraichte, agus gus modhan-obrach nas fheàrr a stèidheachadh. Tha na leanas fìor mun Sgeama airson Daoine fo Dhìon Sònraichte (DDS):

- tha e a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach nach eil eachdraidh aithnichte, airson a bhith gan giùlan fhèin ann an dòigh a nì cron, aig daoine a bhios ag obair no a' dèiligeadh gu cunbhalach ri clann is inbhich fo dhìon tro obair phàighte no gun phàigheadh
- tha e nas luaithe agus nas fhasa, chan fheum buill den Sgeama DDS foirm-iarrtais mionaideach a lìonadh a-steach a h-uile turas a tha dearbhadh foillseachaidh a dhìth
- tha cothromachadh ann eadar dìon freagarrach agus riaghladh làidir agus tha e nas fhasa do luchd-fastaidh a thuigsinn cò air am bu chòir dhaibh sgrùdadh a dhèanamh gus dìon a chur air na daoine leis a bheil iad ag obair.

'S iad Foillseachadh Alba a tha a' stiùireadh is a' lìbhrigeadh an Sgeama DDS, a tha, mar bhuidhinn ghnìomhach aig Riaghaltas na h-Alba, air dleastanasan a bharrachd a ghabhail os làimh. Mar phàirt dhiubh sin, bidh iad a' dèanamh cho-dhùnaidhean às leth Riaghaltas na h-Alba air cò bu chòir a bhith air an casg bho bhith ag obair le buidhnean de dhaoine a tha fo dhìon sònraichte.

Cothroman is In-ghabhail – Daoine a bhios a’ gabhail pàirt ann an tachartasan Fèisean nan Gàidheal agus nam Fèisean

Tha Fèisean nan Gàidheal air cur romhainn gum bi cothroman co-ionann aig daoine a tha a’ gabhail pàirt ann an tachartasan a tha gan cumail leis a’ bhuidhinn, no às leth na buidhne, a dhol an sàs annta. Tha seo a’ gabhail a-steach Fèisean a tha nam buill de dh’Fhèisean nan Gàidheal.

Tha Fèisean nan Gàidheal den bheachd nuair a thèid daoine an sàs sna h-ealain agus cùisean cruthachail gu bheil sin a’ cur ri co-ionannachd is iomadachd, agus ri maith muinntir na h-Alba agus eaconamaidh na dùthcha. Tha sinn air cur romhainn dèanamh cinnteach gum faod duine sam bith (a’ gabhail a-steach luchd-obrach, daoine a tha a’ gabhail pàirt, luchd-obrach saor-thoileach, cunnradairean agus oidean) a tha ag iarraidh pàirt a gabhail ann an tachartas sam bith a tha air a ruith le Fèisean nan Gàidheal – agus leis na Fèisean – sin a dhèanamh agus cha toir na leanas buaidh air mar a dh’fhaodas iad pàirt a gabhail: cinneadh, dath, freumhan cinneachail no dùthchail, suidheachadh pòsaidh, gnè, taobh gnèitheasach, ciorram, aois, ma tha dùil aca ri leanabh no nam pàrant/neach-cùraim, suidheachadh sòisealta, creideamh no ma tha iad a’ fuireach ann an sgìre a tha a’ fulang bochdainn aig ìre shòisealta agus eaconamach.

Tha Poileasaidh So-ruigsinneachd fa leth agus Plana Co-ionannachd, Iomadachd is In-ghabhail aig Fèisean nan Gàidheal a gheibhear air ar làrach-lìn.

Stiùireadh air mar a Chuirear Dìon air Daoine a bhios a’ Gabhail Pàirt ann an Tachartasan Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean

Tha an stiùireadh a leanas airson nam Fèisean stèidhichte air a’ Chòd Obrach 1993 agus stiùiridhean is reachdas a chaidh fhoillseachadh às a dhèidh, a’ gabhail a-steach an Achd Dìon Chloinne (Alba) 2003. Bu chòir an toirt gu aire a h-uile neach-obrach is neach-obrach saor-thoileach.

1 Dleastanasan na Buidhne

’S ann an urra ri Fèisean nan Gàidheal a tha e am poileasaidh seo a chur an sàs. Ge-tà, tha dìon chloinne agus inbhich fo dhìon sònraichte an urra ris gach neach a tha an sàs aig ìre sam bith sna Fèisean.

Bu chòir gum faigh gach neach-obrach is neach-obrach saor-thoileach stiùiridhean goirid air dè bu chòir dhaibh a dhèanamh nuair a thig droch dhìol am follais. Tha am fiosrachadh bunaiteach ri fhaotainn sa [Chairt Bhuidhe](#), gearr-chunntas air dòighean gus clann a dhìon, a dh’fhaodas neach-obrach sam bith fhaicinn.

Bu chòir gach Fèis neach a chomharrachadh a bhruidhneadh ri pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte ma chanas iad gu bheil iad ag iarraidh bruidhinn mu chùisean ri cuideigin eile seach ceannard na buidhne.

Bu chòir Comataidhean nam Fèisean dèanamh cinnteach gu bheil trèanadh iomchaidh aig luchd-obrach agus luchd-obrach saor-thoileach a thaobh a bhith a’ mothachadh, ag aithneachadh agus a’ cur casg air cùisean gus an cunnart a thaobh droch dhìol a lùghdachadh.

2 A’ Fastadh Luchd-obrach

Coileanadh Fèisean nan Gàidheal agus na Fèisean dleastanasan na h-Achd Dìon Chloinne (Alba) 2003 tron Sgeama ballrachd airson Daoine fo Dhìon Sònraichte le bhith ag iarraidh dearbhadh pearsanta leasichte airson gach neach-obrach, pàighte no saor-thoileach, a dh’fhaodadh dèiligeadh ri clann no inbhich a tha fo dhìon sònraichte aig na Fèisean.

Cuiridh sinn neach sam bith às an dreuchd a tha air an toirmeasg bho bhith ag obair le clann, agus cuiridh sinn fios gu Ministearan na h-Alba mu neach sam bith a tha air cron a dhèanamh air pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte no a tha air pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte a chur ann an cunnart cron fhulang taobh a-staigh na buidhne. Cuiridh na Fèisean neach sam bith às an dreuchd aca sa bhad ma tha iad air cron a dhèanamh air pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte no air pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte a chur ann an cunnart cron fhulang.

Mus tèid am fastadh, bu chòir do gach neach-obrach, pàighte no saor-thoileach, foirm-iarrtais a lìonadh a-steach a tha Fèisean nan Gàidheal air ullachadh. Bu chòir dhaibh foirm fèin-chunntais a lìonadh a-steach cuideachd a bheir iomradh air dìtidhean agus binn eucorach sam bith a th’ aca. Feumar innse mu dhìtheadh sam bith agus faodaidh tagraichean a bhith cinnteach gun cleachdar am fiosrachadh ann an dìomhaireachd agus nach tèid a chleachdadh gus leth-bhreith mhi-chothromach a dhèanamh orra. Thèid iarraidh air tagraichean a shoirbhicheas foirm a lìonadh a-steach airson Dearbhadh air Fiosrachadh DDS, agus dèiligidh an neach-cruinneachaidh aig Fèisean nan Gàidheal ri seo.

Bu chòir agallamh a bhith aig gach neach-obrach pàighte mus fhaigh iad obair. A thaobh luchd-obrach saor-thoileach, faodar a bhith nas sùbailte. Ach anns gach suidheachadh, bu chòir fiosrachadh iarraidh air an eòlas a th' aig an neach air a bhith ag obair le clann no inbhich a tha fo dhìon sònraichte. Dh'fhaodadh gur ann tro obair phàighte no shaor-thoileach a fhuair iad eòlas, no tro eòlas pearsanta. Ma thachras gu bheil dad san iarrtas a tha a' cur dragh oirbh, bu chòir dhuibh sin a rannsachadh.

Bu chòir na stiùiridhean seo a leantainn airson gach neach a tha ag iarraidh a bhith na neach-obrach, na neach-obrach saor-thoileach no na (h-)oide aig na Fèisean, às bith cò iad. Cha bu chòir do dhuine sam bith a bhith air fhàgail às.

3 Aig na Fèisean

Bu chòir obair nam Fèisean a bhith air a dealbh gus nach bi inbheach air fhàgail còmhla ri pàiste, no inbheach a tha fo dhìon sònraichte, gun duine eile còmhla riutha ann an àite far nach fhaic daoine eile iad. 'S dòcha gum feumar dorsan fhàgail fosgailte eadar seòmraichean no gum bi dorsan le glainne anns na seòmraichean.

Feumar cumail ri seo taobh a-muigh thogalaichean cuideachd, mar eisimpleir nuair a tha clann no inbhich fo dhìon sònraichte a' siubhal ann an càraichean no busaichean, no air tursan gu amaran-snàmh no goireasan spòrs.

Bu chòir fios a bhith aig a h-uile neach-obrach is neach-obrach saor-thoileach air a' phoileasaidh seo is modhan-obrach airson dèiligeadh ri suidheachadh nuair a tha amharas ann gu bheil droch dhìol ga dhèanamh air pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte.

Bu chòir tuigse mhath a bhith aig luchd-obrach is Comataidhean air na dleastanasan aca taobh a-staigh nam Fèisean agus dè thathar a' sùileachadh bhuapa nuair a tha iad ag obair le clann agus inbhich a tha fo dhìon sònraichte. Bu chòir fios a bhith aca air cò dha a tha iad cunntachail, agus co-dhiù a tha dleastanasan orra sùil a chumail air clann is inbhich fo dhìon sònraichte.

4 Stiùireadh

Bidh Bòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh mar a thèid am poileasaidh seo a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal, agus nì oifigearan Fèisean nan Gàidheal an dìcheall an uair sin gus dèanamh cinnteach gun cuir na Fèisean fhèin am poileasaidh an gnìomh.

5 Trèanadh agus Taic

Bheir Fèisean nan Gàidheal taic agus cothroman trèanaidh do gach neach-obrach is neach-obrach saor-thoileach gus an urrainn dhaibh am poileasaidh seo a chur an sàs gu ceart.

6 A' Foillseachadh Fios air/ag Innse mu Dhraghan

Tha e deatamach gun innis daoine mu na draghan aca (às bith dè cho beag 's a tha iad) do na buidhnean reachdail a tha an sàs ann a bhith a' cur dìon air clann is inbhich a tha fo dhìon sònraichte. Faodaidh draghan a bhith aca:

- mu shlàinte, adhartas is sonas a' phàiste no an inbhich fo dhìon sònraichte
- mu phàrant/neach-cùraim a tha 's dòcha feumach air cuideachadh no nach urrainn coimhead às dèidh a' phàiste no an inbhich fo dhìon sònraichte gu ceart
- mu dhaoine a tha nan cunnart do chloinn no do dh'inbhich a tha fo dhìon sònraichte.

Gu tric chan eil e follaiseach gu bheil am pàiste no inbheach a tha fo dhìon sònraichte ann an cunnart dha-rìribh gus an tèid fiosrachadh den t-seòrsa seo a thrusadh bho dhiofar dhaoine.

Bu chòir gum faod luchd-obrach, pàighte is saor-thoileach, innse don Oifigear Dìon Chloinne ainmichte ann an dìomhaireachd mu dhragh sam bith a th' aca mun dòigh anns a bheil co-obraiche gan giùlan fhèin. Ged a tha e gu math tric doirbh innse mu leithid a dhraghan mu cho-obraichean, tha e cudromach gun innis daoine. Bu chòir do luchd-obrach no luchd-obrach saor-thoileach bruidhinn ris a' mhanaidsear/stiùiriche aca, no ri cuideigin eile le ùghdarras, ma bheir iad an aire do dad a tha gam fàgail mì-chofhurtail. Feumaidh sibh daonnan innse mu dheidhinn tro na meadhanan iomchaidh, ma tha dhraghan agaibh mun dàimh eadar luchd-obrach pàighte/saor-thoileach is clann no inbhich fo dhìon sònraichte. Faodar cuideachd innse mu dhraghan don neach-chruinneachaidh/Oifigear Dìon Chloinne aig Fèisean nan Gàidheal. Cha bu chòir do luchd-obrach/luchd-obrach saor-thoileach uair sam bith a bhith ri gobaireachd ghamhlasach nam measg fhèin mu dheidhinn neach-obrach eile.

Stiùiridhean air mar a lùghdaichear na cothroman a th' ann gum bi clann no inbhich fo dhìon sònraichte a' fulang cron

Aireamhan de Luchd-stiùiridh

Nuair a thathar ag obair le buidhnean de chloinn no inbhich fo dhìon sònraichte, bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil luchd-stiùiridh gu leòr ann airson sùil a chumail orra.

A thaobh tachartasan/obair cùraim-chloinne clàraichte, tha Riaghaltas na h-Alba – Inbhean Cùraim Nàiseanta (2005) a' moladh nan àireamhan a leanas airson inbhich/clann:

- 1 inbheach airson gach 3 chloinne fo aois 2 bhliadhna
- 1 inbheach airson gach 5 chloinne eadar 2 agus 3 bliadhna a dh'aois
- 1 inbheach airson gach 8 chloinne eadar 3 agus 8 bliadhna a dh'aois
- 1 inbheach airson gach 10 chloinne a tha 8 no nas sine
- 1 inbheach airson 1 phàiste nuair a tha feumalachdan sònraichte àraidh aca

Nota: Feumaidh co-dhiù dithis inbheach a bhith an làthair daonnan.

Cuideachd a rèir dhòighean-obrach matha (agus seo an crochadh air dè an seòrsa tachartais a th' ann):

- (a) bu chòir rùm gu leòr a bhith ann
- (b) bu chòir fòn a ghabhas cleachdadh a bhith san togalach
- (c) feumar measaidhean Slàinte is Sàbhailteachd a thaobh cunnairt a dhèanamh
- (d) feumaidh bogsa Ciad-chobhair a bhith ann
- (e) faodar deochan iomchaidh a thoirt seachad ma tha e freagarrach
- (f) bu chòir frithealadh air feumalachdan sònraichte mar as iomchaidh

Ged a tha na stiùiridhean seo airson obair le clann, tha sinn a' moladh gun tèid ealla a ghabhail riutha airson obair le inbhich a tha fo dhìon sònraichte.

Còd airson deagh ghiùlan agus deagh mhodhan-obrach

- **Bu chòir dhuibh DAONNAN**
- Spèis a nochdadh do gach duine mar neach fa-leth
- A bhith gur giùlan fhèin ann an dòigh iomchaidh mar dheagh eisimpleir do dhaoine eile
- Cuimhneachadh gu bheil còir aig a h-uile duine air prìobhaideachd
- A bhith deònach èisteachd, agus ma dh'fheumas sibh, cuideachadh nas freagarraiche iarraidh
- A bhith mothachail air dè as toil agus nach toil le daoine eile
- Feuchainn ri dèanamh cinnteach nach èirich mì-thuigse no oilbheum às na rudan a nì sibh
- Co-fhaireachadh a nochdadh nuair a tha sibh a' dèiligeadh ri cùisean duilich no pearsanta
- Nuair as urrainnear, tachartasan a phlanadh gus am bi barrachd air aon duine an làthair, no co-dhiù barrachd air aon duine a chì no a chluinneas na tha a' dol
- Dèanamh cinnteach gu bheil na thèid a chur air dòigh a thaobh far a bheil inbhich, clann is òigridh a' cadal iomchaidh
- Cead fhaighinn bho phàrantan airson dealbhan/bhideothan

2 Cha bu chòir dhuibh UAIR SAM BITH

- Droch dhìol no càineadh a cheadachadh, me, burraidheachd, sàrachadh no a' dèanamh leth-bhreith
- Buntainn no bruidhinn ri càch ann an dòigh neo-iomchaidh
- Beachd a ghabhail mu dhaoine eile gun a bhith cinnteach às an fhirinn
- Daoine a bhrosnachadh gu bhith gan giùlan fhèin ann an dòigh neo-iomchaidh feuch an toir daoine an aire dhaibh
- Barrachd meas a nochdadh do chuid a dhaoine seach feadhainn eile
- Nithean pearsanta no drabasta a dhèanamh no a ràdh mu dhaoine eile, fiù 's ann am fealla-dhà
- Sibh fhèin no daoine eile a chur ann an suidheachadh neo-iomchaidh a dh'aona-ghnothach (cuimhnichibh gum bu chòir dhuibh a bhith faiceallach mun dòigh-labhairt agaibh agus na briathran a chleachdas sibh, agus a' chiall aca, nuair a tha sibh a' conaltradh ri clann, òigridh is inbhich fo dhìon sònraichte ann an litir/post-d/air a' fòn (làimhe is àbhaisteach))
- Creidsinn nach tachair e dhuibhse

Nuair a thig Droch Dhìol am Follais

An Seòrsa Droch Dhìol

- Corporra – a’ dochann no a’ feuchainn ri pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte a dhochann
- Dìmeas air faireachdainnean – dìth gaoil is bàigh
- Feiseil – inbhich no clann eile a’ cleachdadh clann no inbhich fo dhìon sònraichte airson toileachadh feiseil
- Dearmad – gun a bhith a’ gabhail cùram airson clann no inbhich fo dhìon sònraichte

Dè bu chòir dhuibh a dhèanamh ma thig droch dhìol am follais?

- Na dèanaibh dàil sam bith
- Na dèanaibh dad nur n-aonar
- Na tòisichibh ga rannsachadh
- Bruidhnibh ris an neach a tha òs ur cionn
- Na bruidhnibh mun droch dhìol ri duine sam bith ach an fheadhainn ris am feum sibh
- Na bruidhnibh mun droch dhìol ri pàrantan/neach-cùraim a’ phàiste no an inbhich fo dhìon sònraichte (no ri duine sam bith a tha fo amharas droch dhìol a dhèanamh), ach nuair a dh’iarras seirbheisean Obrach Sòisealta/am Poileas oirbh

Dè bu chòir dhuibh a dhèanamh ma dh’innseas pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte dhuibh gun deach droch dhìol a dhèanamh orra?

- Cha bu chòir dhuibh uair sam bith gealltainn don phàiste no inbheach fo dhìon sònraichte nach innis sibh do dhuine
- Seallaibh dhaibh gu bheil sibh a’ creidsinn na tha am pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte ag ràdh
- Bu chòir dhuibh dèiligeadh ris ann an dòigh neo-phàirteach
- Na cuiribh cuideam orra fiosrachadh a thoirt dhuibh agus na cuiribh ceistean orra a stiùireas iad gus freagairtean sònraichte a thoirt dhuibh
- Bu chòir dhuibh a bhith mothachail ‘s dòcha gun deach maoidheadh air a’ phàiste no inbheach fo dhìon sònraichte
- Cho luath ‘s as urrainn dhuibh às dèidh làimh, bu chòir dhuibh na thuirt am pàiste no an t-inbheach fo dhìon sònraichte a sgrìobhadh sìos
- CUIRIBH CEANN-LATHA is AINM ris a’ chlàr a th’ agaibh air na casaidean/draghan (faicibh gu h-ìosal)

Ma tha sibh nur ball de Chomataidh, nur neach-obrach saor-thoileach no nur n-oide, bu chòir dhuibh fios a chur chun an Oifigeir Dìon Chloinne aig an Fhèis agaibh, agus innsidh iadsan an uair sin do Neach-cruinneachaidh/Oifigear Dìon Chloinne Fèisean nan Gàidheal agus/no don ùghdarras iomchaidh. Bu chòir am foirm airson casaidean/draghan a chlàradh a bhith air a lìonadh a-steach cho luath ‘s as urrainn, leis an duine a fhuair a-mach mun droch dhìol no dhan deach innse mu dheidhinn.

Cha bu chòir do neach-obrach, neach-obrach saor-thoileach no a’ bhuidheann fhèin feuchainn ri dèiligeadh ris an droch dhìol iad fhèin.

Dìomhaireachd

Tha a’ bhuidheann ag obair a rèir a’ phrionnsabail gu bheil clann no inbhich fo dhìon sònraichte a thig thugainn ag iarraidh comhairle no fiosrachadh ann an dìomhaireachd air dearbhadh gu bheil iad ciallach gu leòr, agus gum bu chòir dèiligeadh riutha gu dìomhair. Tha seo a’ ciallachadh, san fharsaingeachd, nach tèid fiosrachadh sam bith a thug pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte seachad ann an dìomhaireachd a thoirt do neach sam bith taobh a-muigh Fèisean nan Gàidheal. Nuair a tha amharas ann gun do rinneadh droch dhìol, FEUMAR innse mun chùis do na seirbheisean Obrach Sòisealta agus/no don Phoileas sa bhad. ‘S e an rud as cudromaiche math a’ phàiste no an inbhich a tha fo dhìon sònraichte, agus ma tha am pàiste no an t-inbheach fo dhìon sònraichte ann an cunnart, no gum faodadh iad a bhith ann an cunnart, chan urrainnear cùisean a chumail dìomhair.

Tha dìomhaireachd a’ buntainn ri Fèisean nan Gàidheal mar bhuidhinn, chan eil i a’ buntainn ris gach neach-obrach no neach-obrach saor-thoileach fa leth. Mar sin, faodaidh luchd-obrach is luchd-obrach saor-thoileach bruidhinn ri càch a chèile ann an dòigh iomchaidh mu chùisean agus cha bhi sin a’ dol an aghaidh poileasaidh na buidhne. ‘S dòcha gum feum leithid a chòmhradh a bhith ann gus an urrainn do neach-obrach no neach-obrach saor-thoileach pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte a chuideachadh, no airson dèanamh cinnteach gum fritheilear air na feumalachdan sònraichte aca. Ge-tà, feumar a bhith faiceallach mu bhith a’ toirt seachad fiosrachadh a fhuaras ann an dìomhaireachd, agus bu chòir dhuibh feuchainn ri gabhail ri toil a’ phàiste no an inbhich fo dhìon sònraichte cho fad ‘s as urrainn dhuibh, fiù ‘s nuair a thig e gu bhith a’ bruidhinn mun deidhinn taobh a-staigh na buidhne.

Feumar dèiligeadh ri fiosrachadh a gheibhear bho luchd-obrach, luchd-obrach saor-thoileach no tagraichean mus fhaigh iad obair ann an dìomhaireachd, agus cha bu chòir a chleachdadh gus leth-bhreith a dhèanamh. Cuideachd, feumar dèiligeadh ri fiosrachadh sam bith co-cheangailte ri mar a thàinig droch dhìol am follais le ciall agus ann an dìomhaireachd.

Dìon dàta: prionnsabalan is dòighean-obrach

Feumaidh Fèisean nan Gàidheal agus na Fèisean fiosrachadh pearsanta a chruinneachadh mu luchd-obrach, daoine a tha a' gabhail pàirt, oidean, luchd-obrach saor-thoileach msaa. Mar eisimpleir, tha feum againn air ainmean is seòlaidhean gus fiosrachadh a chur gu daoine, agus làithean-breith gus eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar daoine leis an aon ainm. Feumaidh sinn cuideachd fiosrachadh a chumail mu na rinn daoine gus an urrainn dhuinn teisteanasan msaa a thoirt seachad. Mar as àbhaist, dh'fheumadh duine sam bith a bha a' dol a ghabhail pàirt sna Fèisean fiosrachadh pearsanta mar seo a thoirt dhuinn, no don Fhèis ionadail.

Chan fhaigh ach àireamh chuibhrichte de dhaoine sùil air an fhiosrachadh seo, ach nuair a chaidh cead iarraidh is a thoirt seachad, bidh sinn ga roinn le daoine an sàs ann am foghlam, trèanadh agus ceòl nuair a bhios sin iomchaidh, me, fiosrachadh mu oidean air a roinn taobh a-staigh saoghal a' chiùil thraidiseanta, fiosrachadh pearsanta airson dearbhadh a dhèanamh air fiosrachadh DDS msaa. Bidh sinn cuideachd a' toirt dàta do Riaghaltas na h-Alba, Alba Chruthachail is buidhnean maoineachaidh eile airson sgrùdaidhean staitistigeach, agus bidh sinn a' toirt dàta do dhaoine a tha a' dèanamh shuirbhidhean oifigeil is feadhainn a chaidh a bharantachadh.

Cha bhi sinn uair sam bith a' toirt fiosrachadh do bhuidhnean a tha a' sgaoileadh stuthan margaidheachd no do dh'iomairtean den t-seòrsa sin.

A rèir a' Chòd Obrach a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fo earrainn 122 de Achd a' Phoilis 1997, airson daoine clàraichte agus daoine eile a gheibh Fiosrachadh bho Dhearbhaidhean Pearsanta, nì Fèisean nan Gàidheal cinnteach gun tèid na modhan-obrach a leanas a chur an sàs.

- 1 Chan iarrar dearbhadh DDS ach nuair a dh'fheumar agus nuair a tha e iomchaidh a thaobh dreuchd shònraichte.
- 2 Nì Fèisean nan Gàidheal cinnteach às gun aontaich an neach mus iarrar dearbhadh DDS, agus iarrar an cead mus tèid am fiosrachadh a sgaoileadh air adhbhar eile a thuilleadh air adhbharan fastaidh.
- 3 Cha toirear fiosrachadh DDS bho dhearbhadh pearsanta ach do dhaoine a bu chòir coimhead air an lùib nan dleastanasan obrach aca.
- 4 Nuair a gheibh Fèisean nan Gàidheal fiosrachadh DDS a bharrachd tro dhearbhadh pearsanta ach nach fhaigh an neach-iarrtais DDS am fiosrachadh sin, cha toir Fèisean nan Gàidheal am fiosrachadh sin don neach-iarrtais, ach innsidh sinn dhaibh gu bheil fiosrachadh a bharrachd ann, ma bheir am fiosrachadh sin buaidh air a' phròiseas fhastaidh.
- 5 Bidh fiosrachadh DDS air pàipear air a chumail ann am bogsa-stòraidh glaiste nach gabh a ghluasad. Bidh stòr-dàta eileagtronaigeach de dhàta DDS air a chumail air coimpiutair fo dhìon facal-faire. Chan fhaigh ach daoine, le cead am fiosrachadh seo fhaicinn tro na dleastanasan obrach aca, cothrom air a' bhogsa-stòraidh seo.
- 6 Thèid fiosrachadh DDS a chur na stiallan le inneal, ma tha e iomchaidh sin a dhèanamh.
- 7 Cha dèanar lethbhreac de dh'fhiosrachadh DDS. Ge-tà, thèid am fiosrachadh a leanas a chumail: -
 - Ceann-latha a chaidh am fiosrachadh pearsanta fhoillseachadh
 - Ainm an neach
 - An seòrsa foillseachaidh
 - Dreuchd don deach an dearbhadh iarraidh
 - Àireamh shònraichte an fhoillseachaidh
 - Dè an co-dhùnadh a rinneadh a thaobh fastadh
- 8 Nì Fèisean nan Gàidheal cinnteach às gu bheil fios aig gach neach-obrach aig a bheil cead coimhead air fiosrachadh DDS mun phoileasaidh seo agus gum faigh iad trèanadh is taic iomchaidh.
- 9 Coltach ri poileasaidhean eile, foillsichidh Fèisean nan Gàidheal am poileasaidh seo agus bheir sinn lethbhreac dheth, agus an Còd Obrach a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fo earrainn 122 de Achd a' Phoilis 1997, do neach sam bith a chuireas a-steach airson obair aig Fèisean nan Gàidheal far am feumar dearbhadh DDS a dhèanamh.

Tha Fèisean nan Gàidheal tro ar Poileasaidh So-ruigsinneachd ag iarraidh dèanamh cinnteach gun dèiligear ris gach tagraiche airson obraichean aig a' bhuidhinn gu cothromach.

Dleastanasan na dreuchd, Oifigeir Dìon Chloinne (aig na Fèisean)

San dreuchd:

- 1 Nì iad cinnteach às gun deach fiosrachadh DDS nan oidean, an luchd-stiùiridh, nan dràibhear, luchd-obrach nam bùithtean-bìdh, an luchd-cuideachaidh saor-thoileach agus duine sam bith eile a bhios a' dèiligeadh ri clann no inbhich fo dhìon sònraichte a dhearbhadh le Fèisean nan Gàidheal, agus, ma chaidh am fiosrachadh a dhearbhadh le buidheann eile, nì iad cinnteach gu bheil ceangal aig *Fèisean nan Gàidheal* ris an dearbhadh sin. Thèid seo a dhèanamh ann an co-bhuinn ri Neach-cruinneachaidh Fèisean nan Gàidheal.

- 2 Nì iad cinnteach gun d'fhuaras teisteanasan agus fèin-chunntasan bho gach neach-obrach/neach-obrach saor-thoileach agus gu bheil iad ceart gu leòr.
- 3 Nì iad cinnteach gu bheil gach oide/neach-stiùiridh/neach-obrach saor-thoileach eòlach air Poileasaidh Fèisean nan Gàidheal airson Daoine fo Dhìon Sònraichte, agus gu bheil lethbhreac den gheàrr-chunntas sa "Chairt Bhuidhe" aca. Nì a' mhòr-chuid de dh'Fhèisean cinnteach às an seo aig na tachartasan inntigridh do dh'oidean a thèid a chumail ro gach Fèis.
- 4 Nì iad cinnteach gu bheil fios aig oidean/luchd-stiùiridh/luchd-obrach saor-thoileach gum bu chòir dhaibh innse don Oifigear sa chiad dol-a-mach ma tha dragh aca co-cheangailte ri dìon chloinne no inbhich fo dhìon sònraichte, agus nach bu chòir dhaibh fhèin a' chùis a rannsachadh.
- 5 Ma gheibh iad fios mu dhraghan, no ma dh'innseas pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte mu dhroch dhìol, cuiridh iad am fiosrachadh seo air adhart gu Neach-cruinneachaidh Fèisean nan Gàidheal a bhruidhneas ris na h-ùghdarrasan freagarrach.
- 6 Nì iad cinnteach gun d' fhuaras Foirm Ceadachaidh airson gach pàiste is inbheach fo dhìon sònraichte gus pàirt a ghabhail ann an tachartasan agus gun deach am foirm air fad a lìonadh a-steach, agus gun tèid am fiosrachadh a sgaoileadh am measg luchd-obrach aig am "feum fios a bhith" air a-mhàin, agus gu bheil a' cumail an fhoirm a rèir phrionnsabalan Dìon Dàta.
- 7 Nì iad cinnteach gu bheil brath-naidheachd sam bith, agus na dealbhan a thig na chois, a' coileanadh stiùiridhean iomchaidh. Mar eisimpleir, chan fhaodar pàistean fa leth ainmeachadh ann an dealbh le grunn phàistean (faodar fo-thìotal farsaing a chleachdadh, an àite "aig a' chùl, clì gu deas..."), agus chan fhaodar le dealbh de aon phàiste ainm a' phàiste a nochdadh, me, bu chòir rudeigin mar seo a bhith ann: "Tha gille/nighean òg a' cluich na clàrsaich aig Fèis an Earraich". Thèid na cothroman gus clann "a dheisealachadh" airson droch dhìol a lùghdachadh le seo. Bu chòir cead fhaotainn airson dealbhan a chleachdadh airson sanasachd a dhèanamh air Fèisean.
- 8 Nì iad cinnteach gun lean na Fèisean na stiùiridhean aca fhèin agus stiùireadh Fèisean nan Gàidheal a thaobh dìon chloinne is inbhich fo dhìon sònraichte, me, nach bi suidheachaidhean ann far a bheil aon oide còmhla ri aon oileanach no gum bi an uiread as lugha as urrainnear de shuidheachaidhean mar sin ann, gu bheil àiteachan-fuirich air an rèiteach gu h-iomchaidh, agus nach fhuilingear inbhich no clann a tha gan giùlan fhèin ann an dòigh neo-iomchaidh.
- 9 Faodaidh pàrantan/luchd-cùraim tighinn thuca "sa chiad dol-a-mach" ma tha dragh aca mu mhath pàiste no inbheach fo dhìon sònraichte aig Fèis, agus bu chòir don Oifigear innse do na pàrantan/luchd-cùraim mu dhad cudromach a thachras do phàiste no inbheach fo dhìon sònraichte a tha fon cùram.
- 10 Nì iad cinnteach gun tèid measadh a dhèanamh air cunnartan an lùib tachartasan nam Fèisean mar bu chòir agus ro-làimh agus cuiridh iad an sàs modhan-smachd sam bith a dh'fheumar mus tèid na tachartasan air adhart. Faodaidh Oifigear Slàinte is Sàbhailteachd na Fèise an obair seo a dhèanamh às leth an Oifigear Dìon Chloinne, ach 's ann an urra ris an Oifigear Dìon Chloinne a tha e gun dèanar an obair seo gu ceart. Chithear eisimpleirean de dh'fhoirmichean airson cunnartan a mheasadh is liostaichean-dearbhadh air-loidhne. Bu chòir foirmichean airson cunnartan a mheasadh a chumail airson co-dhiù 6 mìosan às dèidh an tachartais. Bu chòir gun tèid sùil as ùr a thoirt air cunnartan gach turas a thèid an tachartas air adhart, me, gach bliadhna ron Fhèis, agus mus tèid na seiseanan a chumail a bhios a' togail air clasaichean na Fèise.
- 11 Bheir iad sùil gu cunbhalach air na modhan-obrach aig an Fhèis aca fhèin, agus innsidh iad do Chomataidh na Fèise agus do dh'Fhèisean nan Gàidheal mu dhòigh sam bith sam faodar na modhan-obrach sin a leasachadh.
- 12 Cumaidh iad clàr den Phoileasaidh, Modhan-obrach is Clàraidhean airson Dìon Chloinne agus cuiridh iad an sàs ùrachadh sam bith a gheibhear bho Fhèisean nan Gàidheal orra sin, agus thèid iad gu seiseanan is co-labhairtean trànaidh a dh'fhaodadh a bhith ann bho àm gu àm.